



Pròiseict Mionc Nan Eilean Siar

Fiosrachadh – An Lùnasdal 2005



Tha Pròiseict Mionc nan Eilean Siar, anns a' bhliadhna mu dheireadh agus tha amas aige airson a chur as dhan a h-uile mionc Ameireaganach bho na h-Uibhistean agus an àireamh a lùghdachadh bho Taobh Deas na Hearadh. Tha am pròiseict air chur ri chèile a thaobh ùidhean glèidhteachais, a mhàin dìon a chumail air slugh na h-eòin a tha cudromach eadar-nàiseanta.

FIOSRACHADH

◆ **Air adhart**

Tha a' phròiseict air a bhith a' sireadh mionc le coin rè na trì mìosan a chaidh seachad, a' leantainn seallaidhean sam bith agus ag atharrachadh na trapan ann an Uibhist airson an dèanamh nas èifeachdach. Chaidh 85 latha a chuir seachad le bhith a' sireadh le coin a tha suas gus an dràsta, faisg air mìle chilemeatair (28% den àrainn uisge Uibhist). Cha deach mionc sam bi a lorg anns an sireadh seo agus tha e soilleir bhon seo gu bheil an spadadh ag obair gu soirbheachail. Thèid sùil a thoirt air na h-àitean seo a-rithist anns na mìosan ri tighinn. Aig deireadh an àm-siridh le na coin, tha e an dùil gum bi 65% den àrainn uisge air an sireadh. Ach an dràsta ge tà, cha d'fhuairear lorg ach air aon gharaidh a mhàin, a bha air na h-Eileanan Chairiminis air taobh deas na Hearadh, far an robh aon mhionc bhoireann agus dà mhionc òga. Tha e soilleir bhon seo gu bheil àireamhan na mionc a' dol sìos far a bheil an glacaidh a' dol air adhart.

Aig an aon àm, tha sgrùdadh a' dol air adhart an dràsta air na stèarnain. Tha dà luchd obrach bhon Chomunn Rìoghail Dìon nan Eun (RSPB) ag obair air a' phròiseict tron t-samhraidh. Tha iad a' cleachdadh camara a bhios a' dol air nuair a thòisicheas na h-eòin a' gluasad, airson cuideachadh le bhith ag aithneachadh na sealgairean air làraich ann an Leòdhas. Chaidh a mhothachadh gun d' rinn mionc tòrr sgrìos ann am feadhainn de na coloinidhean seo, gu h-àraid san Àird anns an Rubha air taobh sear Steòrnabhaigh. Tha an obair fhathast a' dol air adhart agus chithear a' bhuil aig deireadh an fhoghair.

◆ **Glacaidh teann**

Bidh glacadh eile anns na h-Uibhistean aig deireadh an t-samhraidh agus toiseach an fhoghair, far am bi luchd-glacaidh a' toirt dlùth aire air glacadh teann. Tòisichidh a' chiad ìre air an taobh sear agus na h-eileanan, an uairsin bho Uibhist a Deas gu Uibhist a Tuath agus a' crìochnachadh ann an Caolas na Hearadh. Bidh na luchd-obrach a b' àbhaist ag obair air a' phròiseict, airson ùine ghoirid an uiridh rè àm a' ghlacaidh teann, ag obair am bliadhna sa cuideachd. Còmhla ri seo, bidh iomadh saor-thoilich bho Seòmar-obrach Saidheans Meadhanach (Central Science Laboratory) bho York agus Woodchester Park a' cuideachadh air a' phròiseict airson dà sheachdain gach ùine.

◆ **Rannsachadh PhD**

Tha Alice Helyar a chruinnich am fiosrachaidh airson a' phròiseict PhD an dràsta a' dèanamh mion-sgrùdadh. Chaidh mion-sgrùdadh a dhèanamh air biadh na mionc cuideachd agus bhon seo bha e soilleir gu bheil na mionc anns na h-Uibhistean ag ithe tòrr dallagan feòir, ach anns na Hearadh tha beathaichean mara alt-shligeach agus iseanan a' dèanamh an àrda a' mhòr chuid den biadh aca. Tha am fiosrachadh seo cudthromach don phròiseict seachd gu bheil e a' sealltainn gu bheil mionc comasach biadh fhaighinn air a' chosta agus a-staigh san tìr anns na Uibhistean, ach anns na Hearadh, tha a' mhòr chuid ri lorg air a' chosta.

◆ **Tadhal an EU**

Thàinig dithis bhon an EU a thadhal air a' phròiseict anns a' Chèitean. Thug iad sùil air pàrtean den phròiseict air costa an ear agus costa an iar Uibhist, Caolas na Hearadh, làrach rannsachadh PhD agus chunnaic iad an làrach ann an Leòdhas far a bheil an sgrùdadh a' dol air adhart air na stèarnain.

◆ **Bùthan-obrach ann an Leòdhas**

Bidh bùthan-obrach a' gabhail àite ann an Leòdhas, gus cuideachadh daoine faighinn a-mach barrachd mu dheidhinn na mionc seo, nach eil dùthchasach do na h-eileanan an Iar. Ionnsaichidh iad mu dheidhinn dè tha dol a thachairt anns an dàrna ìre den phròiseict; spadadh na mionc bho Leòdhas agus na Hearadh gu lèir. Chan eil ceann latha ann fhathast airson seo.

CÙL-FHIOSRACHAIDH

Chan eil mionc dùthchasach dha na h-Eileanan an Iar no fiù do Bhreatainn. Tha iad gu h-àraid cunnartach do dh'eòin fhiadhaich oir ithidh iad uighean, iseanan agus eòin mhòra bho làraich chudthromach eòin eadar-nàiseanta. Tha na h-Uibhistean nan dachaigh do chuid de na h-eòin is cudthromaiche san Roinn Eòrpa agus tha iad seo air an dìon fo Òrdugh Eòin Fhiadhaich na Roinn Eòrpa le Àitean Sònraichte Dìona (SPA). Tha e mar uallach air Breatainn na làraich seo a dhìon a thaobh riaghailtean na Roinn Eòrpa. A bharrachd air glèidhteachais nàdair, tha droch bhuidh aig a' mhionc air croitearachd, iasgach, tuathanachas èisg agus turasachd. Tha suidheachadh a' mhionc na dhuilgheadas do mhòran agus tha e mar ghnòthach dhuinn uile freagairt fhaighinn air a' cheist. Gu mì-fhortanach an aon fhreagairt buan a th'ann 's e am beathach a sgrìos. Tha 'Pròiseict Mionc nan Eilean Siar' a' toirt còrr air millean trì fichead 'sa còig mìle not dè dh' airgead Eòrpach, poblach agus eile do na h-Eileanan an Iar. A' sàs anns a' phròiseict tha na buidhnean a leanas: Dualchas Nàdair na h-Alba, Comann Riaghail Dìon nan Eun, Riaghaltas na h-Alba, Seòmar-obrach Saidheans Meadhanach, Iomairt nan Eilean Siar, agus Comhairle nan Eilean Siar. Tha airgead bho stòras airgead nàdarra Eòrpach LIFE a' toirt taic dhan phròiseict.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Phròiseict Mionc nan Eilean Siar no ma chi sibh mionc an àite sam bith, cuir fios gu neach-stiùiridh na pròiseict Sugoto Roy air 01859 550327 (<mailto:s.roy@csf.gov.uk> s.roy@csf.gov.uk) no gu Dualchas Nàdair na h-Alba ann an Steòrnabhagh air 01851 70258.

Bu chòrr dha ceasnachaidh nam meadhanan a dhol gu Calum Macfarlane, SNH, air 01463 723106 (calum.macfarlane@snh.gov.uk)

Bu chòrr dha ceasnachaidh nam meadhanan airson Gàidhlig a dhol gu Mairi Gillies, SNH, 01463 723134 (mairi.gillies@snh.gov.uk)